

Ionnsachadh Teaghlaich Gàidhlig (ITG)

Sgrùdadh-cùise

A' dèanamh diofar tro: Ionnsachadh Teaghlaich Gàidhlig

Air sgàth cho soirbheachail 's a bha Ionnsachadh Teaghlaich Gàidhlig (ITG) chaidh co-dhùnadh sgrùdadh-cùise a dhèanamh a' cleachdadh 'Dè cho math 's a tha an t-Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd againn?' (HGIOCLD). Chaidh frèam-obrach HGIOCLD a thaghadh mar dhòigh èifeachdach air an tairgse a mheasadh. Bheir e cothrom tuigse nas fheàrr fhaighinn air neartan ITG agus raointean leasachaidh sam bith. Cuidichidh e gus tuigse fhaighinn agus piseach a thoirt air a' bhuidhe a tha ITG a' dèanamh, gus dèanamh cinnteach gu bheil na builean airson gach neach-ionnsachaidh gan leasachadh. Gabhaidh a chleachdadh mar uidheam airson fèin-luachadh cuideachd.

Chaidh na slatan-tomhais deagh-ghnè HGIOCLD seo a chomharrachadh airson fiosrachadh nas mionaidiche fhaighinn orra:

4.1 Lìbhrigeadh leasachadh coimhearsnachd

4.2 Lìbhrigeadh ionnsachadh coimhearsnachd

Faic d. 3-7 den phàipear-taice airson tuilleadh fiosrachaidh.

Feum airson a' phròiseict / ghnìomhachd

carson?

Tha Poileasaidh Gàidhlig mar Chiad Chànan aig Comhairle nan Eilean Siar far a bheil iad gu làidir a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig. Fon phoileasaidh seo, bidh clann a tha a' tòiseachadh sa bhun-sgoil anns na h-Eileanan a' dol gu foghlam Gàidhlig mura bi iarrtas bho na pàrantan nach eil iad airson seo. Tha am poileasaidh ag amas sa chiad dol-a-mach airson gum bi co-ionannachd chothroman airson clann aig a bheil sgilean Gàidhlig agus aig nach eil nar coimhearsnachdan dà-chànanach. Mar thoradh air seo, thàinig àrdachadh air an àireamh sgoilearan anns na h-Eileanan an Iar a tha air an teagasg ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Ach, chan eil a' Ghàidhlig mar chiad cànan aig a h-uile pàiste, am pàrantan no an luchd-teagaisg. Tha feum aig mòran dhiubh seo air taic a bharrachd a thaobh leughadh, sgrìobhadh, labhairt agus èisteachd. Tha an neachd-dreuchd a' tabhainn seirbheis ITG airson taic a thoirt dhaibhsan aig a bheil feum air barrachd taic le ionnsachadh na Gàidhlig.

Tuairisgeul

dè agus ciamar?

Tha an neach-teagaisg fileanta sa Ghàidhlig. Tha i airson na h-inbhich a bhrosnachadh agus misneachd a thoirt dhaibh Gàidhlig a bhruidhinn len cuid teaghlaichean agus clann. An toiseach chaidh pròiseact pìleatach a dhèanamh ann an trì bun-sgoiltean ann an sgìre Comhairle nan Eilean Siar (Tong, Lacasdal, agus Steòrnabhagh). Chaidh post-d a chur gu ceannardan nan sgoiltean gus innse dhaibh mun tairgse. Chaidh fios an uair sin a chur gu pàrantan nan trì sgoiltean airson innse dhaibh gun robh taic ri fhaighinn airson Gàidhlig. Bha an neach-teagaisg an làthair gu cunbhalach aig Sgoil a' Bhac, Sgoil an Rubha and Bun-sgoil Lacasdail a' cuideachadh na cloinne ag ullachadh airson a' Mhòid ionadail agus a' togail eòlas na tidsearan mu dheidhinn a tairgse. An ceann greis, chaidh Ionnsachadh Teaghlaich Gàidhlig a leudachadh gu na sgoiltean uile ann an Comhairle nan Eilean Siar. Bidh luchd-obrach Thig a' Chluich gu tric a' stiùireadh inbhich chun na tairgse. Cuideachd, bidh an neach-dreuchd tric a' frithealadh thachartasan coimhearsnachd gus Ionnsachadh Teaghlaich Gàidhlig a bhrosnachadh do theaghlaichean.

Buaidh

dè an diofar?

Chaidh sgrùdadh fa leth a dhèanamh le triùir chom-pàirtichean ITG. Chaidh ceistean structarail a chur orra mun ionnsachadh aca. Bha cothrom fosgailte aca beachdan a thoirt seachad air na ceistean a chaidh fhaighneachd. Gheibhear na freagairtean aca ann am pàipear-taice 11, air duilleag 11 far an do dh'innis iad mun bhuidh a bha aig ITG air am beatha. Mar eisimpleir, dh'innis na com-pàirtichean gu bheil an tairgse ITG air obrachadh gu math dhaibh fhèin agus dhan teaghlaichean leis a h-uile com-pàirtiche ag ràdh gu bheil iad a' faireachdainn gun urrainn dhaibh barrachd taic a thoirt dhan cuid cloinne le ionnsachadh na Gàidhlig.

Fianais

ciamar a tha fios againn?

Tha fianais mu dheidhinn cho soirbheachail 's a tha ITG air a bhith air a chruinneachadh aig deireadh gach leasan le fios air ais bho gach neach-ionnsachaidh air a sgrìobhadh sna 'clàran ionnsachaidh pearsanta' aca. Chaidh fianais cuideachd a chruinneachadh bho thoraidhean nan ceistean structaraichte air duilleag 11. Chaidh siostam bunaiteach a chruthachadh gus fiosrachadh fhaighinn mu adhartas an luchd-ionnsachaidh agus a' sealltainn gu bheil an tairgse air deagh bhuidh a thoirt air luchd-ionnsachaidh. Gheibhear mìneachadh an siostam bunaiteach ann am pàipear-taice 7, agus na toraidhean ann am pàipear-taice 10.

Leasan a chaidh ionnsachadh?

Mhothaich sinn nach robh dòigh againn air adhartas gach neach-ionnsachaidh a thomhas, agus mar sin chaidh an siostam bunaiteach a chruthachadh. Faic pàipear-taice 7 agus 10 airson tuilleadh fiosrachaidh.

Ìomhaighean / fios air ais

ma tha iad rim faighinn

'Tha mi a' smaoineachadh gu bheil an tairgse gu math cuideachail.'

'Tha sinn toilichte leis an tairgse.'

Ceann-latha: 1 Sultain 2023

Ùghdarras ionadail: Comhairle nan Eilean Siar